



Ar nàbaidh




Narinder Dhami • Jamie Smith

Ar nàbaidh




An teacsá Narinder Dhami
Na dealbhan Jamie Smith
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill


STÒRLANN • ACAIR



'S e càraid a bha ann an Seasaidh agus Iain.
Latha bha siud bha iad a' cluich.
"Ha! Ha! Cha bheir thu ormsa!" dh'èigh Iain.
"Beiridh mi!" arsa Seasaidh. "Teich!"




Theich Iain cho luath 's a b' urrainn dha,
ach ruith e cho luath is nach robh e a' coimhead
càite robh e a' dol. Cha do mhothaich e dha
Màiri Bhàn a bha a' tighinn a-nuas an rathad.



An sin thug e sùil suas agus cò bha sin ri thaobh ach Màiri Bhàn, ach cha b' urrainn dha stad.


Bhuail e innte agus phut e i ris an fheansa.

4



Cha robh Màiri Bhàn air a dòigh.
“Nach seall thu far a bheil thu a’ dol!”
thuirt i ri Iain. “Theab thu mo leagail.”
“Tha mi duilich,” ars Iain.
“Cha robh sinn ach a’ cluich
agus cha tug mi an aire dhuibh.”


5



“Carson nach eil thu a’ coimhead càite bheil
thu a’ dol?” arsa Màiri Bhàn, agus chaidh i
a-steach agus dhùin i an doras.

“Tha i glè crosta rinn a-nis,” arsa Seasaidh
ri Iain.


“Tugainn dhachaigh.”



Chaidh Seasaidh agus Iain dhachaigh.

“Bha Màiri Bhàn crosta seach gun do bhual
mise innte,” ars Iain ri a mhàthair.

“Cha robh sinn ach a’ cluich.”



“Ged-tà feumaidh sibh cuimhneachadh gu bheil Màiri aosta agus nach tèid aice air coiseachd cho luath a-nis,” arsa Mamaidh.
“Nach tèid sibh a-null a-rithist a ràdh rithe gu bheil sibh duilich?”



Chaidh Iain agus Seasaidh a-mach a chluich.
Bha iad a’ smaoineachadh air an rud a thuirt Mamaidh.
“Tugainn a shealltainn air Màiri Bhàn,” ars Iain.
“Nì sinn rudeigin dhi,” arsa Seasaidh.



Chaidh Iain agus Seasaidh gu taigh Màiri,
ach cha tàinig i chun an dorais.

“Feumaidh gun deach Màiri Bhàn a-mach,”
arsa Seasaidh.

“Tugainn a chluich.”

“Ach tha fios gu bheil i a-staigh,” ars Iain.

“Chan eil cho fada o thàinig i dhachaigh.”



Choimhead Iain a-steach air an uinneig.


Chunnaic e Màiri air an ùrlar aig an T.V.

“An cuidich thu mi?”

dh’èigh Màiri ri Iain.

“Thuit mi air a’ bhrat-ùrlair agus ghoirtich mi
mo chas. Chan urrainn dhomh èirigh.”

“Thèid sinn a dh’iarraidh Mamaidh,” dh’èigh
Iain rithe.




Ruith Iain agus Seasaidh dhachaigh.

“A Mhamaidh!” dh’èigh Iain, “Thuit Màiri Bhàn agus ghoirtich i a cas.”

“O, an truaghag!” arsa Mamaidh.

“Fònaidh mi airson cuideachadh.”



Thàinig ban-phoileas an toiseach agus dh’fhosgail i doras taigh Màiri Bhàn. Thug ambaileans Màiri dhan ospadal.

Thug a’ bhan-phoileas taing do Sheasaidh agus do Iain.

“Mura biodh sibh air tighinn a shealltainn air Màiri bhiodh i air an ùrlar fad na h-oidhche.”



An ath latha thug Mamaidh Seasaidh agus
Iain dhan ospadal a shealltainn air Màiri.

“Ciamar a tha ur cas?” dh’fhaighnich
Mamaidh.

“Chan eil i cho goirt ’s a bha i,”
arsa Màiri Bhàn.


“Nach math sin,” arsa Mamaidh.

“A Mhàiri, tha mi duilich gun do bhual
mi annaibh,” ars Iain.

“Och, na biodh dragh ort,” arsa Màiri.

“Nach tig sibh a shealltainn orm fhathast
mus fhaigh mi dhachaigh?”

“Thig,” ars Iain agus Seasaidh.



An uair sin thug Màiri dhaibh bàr mòr teòclaid.
“S ann dhuibhse tha sin airson gun do chuidich
sibh mi,” thuirt i.
“Mòran taing dhuibh,” ars Iain agus Seasaidh.
Bha iad glè thoilichte gun robh iad fhèin agus
Màiri Bhàn rèidh a-rithist.

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Phoghlam agus Foillseachadh Proiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Narinder Dhami 1997

A' chìad foillseachadh 1997

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2003 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair
© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riachdaichte

air MRG. Nu corrachean uile glèidhle. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
aith-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-löimh bho
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann
Gheibhearr clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatann

Tha Narinder Dhami a' dieasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhualite le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 642 2